



## Tiotal: Beatha chothromach agus cho-ionann do bhalaich agus nigheanan

### Pàirt 1: Gnàth-iomhaighean agus co-ionannachd

#### Ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean càirdeis is dàimh.</li><li>Ag aithneachadh nan sgilean a tha a dhìth airson atharrachadh ann an dàimhean a làimhseachadh, mar eisimpleir, fulangas, co-fhaireachdainn, dìlseachd, coibhneas, seamhachd, co-earbsa agus spèis.</li><li>Ag aithneachadh rudan deimhinneach mun ìomhaigh-bodhaig agus an coltas.</li><li>Ag aithneachadh droch-dhìol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus eòlach air far an tèid iad airson cuideachadh.</li><li>A' sealltainn tuigse air iomadachd ann am feisealachd agus dearbh-aithne gnè.</li></ul>

Chì sinn cuideachd gu bheil na h-Eòlasan agus na Builean gu h-ìosal freagarrach dhan obair seo; tha iad a' suidhe ann an raon Sunnd Inntinneil, Faireachail, Sòisealta agus Corporra an taobh a-staigh de Slàinte is Sunnd. Bhon a tha iad fo dhleastanas nan uile, chan eil Slatan-tomhais co-cheangailte riutha.

- Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 2-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 2-10a

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun dèidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gum meòraich clann air gnàth-iomhaighean agus na thàthar a sùileachadh bho neach a rèir an gnè.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn nach bu chòir coltas, giùlan no iarrtasan a bhith air am bacadh le gnàth-iomhaigh, gnè no beachdan air na bu chòir do bhalaich agus nigheanan a dhèanamh.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean de ghnàth-iomhaighean ainmeachadh agus an deasbad.
- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile

- Tha mi a' tuigsinn agus a' gabhail ri iomadachd am measg mo cho-aoisean.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- An Lorg-fhaclan agam
- *Help kids learn about gender with Foxy* (faid 2 mhionaid 30) dèante le amaze.org  
<https://youtu.be/lbhd-23mloc>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. **Ro-ràdh:** Bidh ionnsachadh RSHP air a neartachadh mas urrainn clann suidhe còmhla; cruinnichibh còmhla iad mas urrainn dhuibh. Tha na slaghdean aig an toiseach a' toirt a-steach bhun-bheachdan bunaiteach mu mar a tha gnè pàiste air aithneachadh agus air mar a dh'fhaodas beachdan mun phàiste sin a bhith stèidhichte air gnàth-iomhaighean. Tha seo air na chaidh a dhèanamh aig a' Chiad ìre. Faodaidh sibh an teacsann an *clò eadailteach* a cleachdadh mar mhìneachadh aig toiseach a' chuspair.

**Slaighd 1: 'S urrainn do mhàthair gnè a' bhèibidh aice fhaighinn a-mach mus beirear e, no aig àm-breith nuair a chanas a' bhean-ghluine gur e balach no nighean a th' anns a' bhèibidh.**

Nuir a tha boireannach trom, bidh sganaichean aice gus sùil a chumail air mar a tha am bèibidh a' fàs. Uaireannan iarraidh boireannach trom air an nurs no air an dotair coimhead feuch dè an gnè a th' anns a' bhèibidh. Co-dhiù a tha fios aig a' mhàthair no nach eil, nuair a thèid pàiste a bhreith, thathar ag innse dhi dè an gnè a th' anns an leanabh. Ma tha pit aig an leanabh canaigh a' bhean-ghluine, 'tha nighean agaibh'. Ma tha bod aig an leanabh, canaigh a' bhean-ghluine, 'tha balach agaibh'.

Uaireannan chan eil e soilleir a bheil pit no bod aig a' bhèibidh. Nuair a thachras seo, nì dotairean deuchainnean fala agus bheir iad sùil chùramach gus tuigse fhaighinn air mar a tha am bèibidh air fàs. Mar as trice faodaidh iad innse taobh a-staigh beagan làithean an e balach no nighean a th' anns a' bhèibidh.

**Slaighd 2:** An-diugh bidh sinn ag ionnsachadh mu bheatha chothromach agus cho-ionann a bhith aig nigheanan agus balaich.

*Fhad's a tha sinn a' fàs, 's dòcha gum bi daoine a' smaoineachadh gu bheil fios agad co-dhiù is e nighean no balach a th' annad a rèir an aodaich a bhios tu a' cur ort, no mar a bhios thu gad ghiùlan fhèin no na rudan a tha a' còrdadh riut a bhith a' dèanamh – ach gu tric chan eil annta seo ach gnàth-iomhaighean.*

'S dòcha gum bi an teirm gnàth-iomhaigh aig a' chlann mar-thà, ach minich dhaibh gu bheil ceistean agaibh airson ur cuideachadh a' dèanamh tuilleadh smaoineachaidh air an seo còmhla.

2. **An cuala sibh riamh cuideigin a' ràdh "S ann do bhalaich a tha sin"? An cuala sibh riamh cuideigin a' ràdh "S ann do nigheanan a tha sin"?** Às dèidh dhuibh coimhead air a' cheist, cleachd na ceistean air na slaghdean. Faodaidh a' chlann bruidhinn ri caraid rin taobh an toiseach, agus an uair sin fios a thoirt air ais dhan dhuidheann:

- Cò mu dheidhinn a bhios daoine a' bruidhinn nuair a chanas iad rud mar seo? Carson nad bheachd-sa a chanadh neach rud mar seo?
- Can gur e balach a th' annad agus gu bheil dannsa ballet a' còrdadh riut, ciamar a bhiodh tu a' faireachdaiinn nan canadh neach eile riut nach bu choir dhut a bhith ga dhèanamh bhon 's gur e balach a th' annad?
- Can gur e nighean a th' annad agus gu bheil cluich ball-coise a' còrdadh riut. Ciamar a bhiodh tu a' faireachdaiinn nan canadh neach eile riut nach bu choir dhut a bhith ga chluich bhon 's gur e nighean a th' annad?
- An urrainn dhut smaoineachadh air ainmean a bhios daoine a' toirt air pàiste ma tha iad a' dèanamh rudan nach eil iad a' meas freagarrach, *dìreach bhon a tha iad nan nighean no nam balach.* 'S dòcha gun cleachd clann am facial gèidh mar chàineadh. Gabh ris an seo mar fhreagairt, agus gu bheil cuid de dhaoine gèidh agus leasbach, ach chan eil turas aig an seo ris mar a tha iad

mar bhalach no nighean. Inns dhaibh gum faod ainmean mi-choibhneil daoine a ghoirteachadh, gum fàg iad clann a' faireachdann mi-thoilichte no iomagaineach nuair a chanas daoine eile nach fhaod iadsan a bhith mar a thogras iad fhèin.

- **Balaich? Nigheanan? An gèam.** Bhiodh e na b' fhearr an gèam seo a chluich ann an àite farsaing airson's gum faigh a' chlann gluasad timcheall (tha ceòl inntrigidh san t-slaighd...). Tha aig a' chloinn ri dhol gu àite sònraichte airson taghadh a dhèanamh eadar *balach* agus *nighean*, no dh' fhaodar a chluich ann am pàidhrichean/buidhnean beaga, no dìreach mar aon bhuidheann a' sealltann am beachd len làmhan. Ma tha sibh airson a dhèanamh mar ghèam TBh, faodaidh sibh beagan spòrs a thoirt a-steach le bhith a' cleachdadhbh maicreafòn mòr airson beachdan fhaighinn bhon chloinn. Mì nich gum bi thu a' sealltann riaghailtean a dh' fheumas iad a leantainn. *Dh' fhaodadh* na riaghailtean a bhith do bhalaich agus nigheanan ach cò air a bu chòir dhaibh a bhith a' bualadh barrachd? Às dèidh gach oidhrip thèid chun an àite dhan deach a' chlann (no mar a bhòt iad) agus faigh a-mach carson? Carson a bu chòir dhan seo freagairt air balaich seach nigheanan no nigheanan seach balaich? Carson a tha cuideam mar seo orra?
- Bi glic
- Na bi a' caoineadh
- Bi math air rudan a chàradh
- Bi sgìobalta
- Na bi gaolach
- Bi socair
- Gabh riosgan agus na seachain cunnartan
- Bi dèidheil air spòrs

Às dèidh dhuibh a dhol tron liosta faighnich dhan chloinn cò na rudan a mhiannaicheadh iad a b' urrainn do nigheanan agus balaich a dhèanamh gu co-ionnan – agus carson?

### 3. Gnàth-iomhaighean.

Till chun a' bheachd gu bheil gnàth-iomhaighean a' ciallachadh nuair a chanas daoine gum bu chòir do nigheanan agus balaich a bhith a' leantainn dhòighean sònraichte. Cleachd an slaighd airson seo a dhaingneachadh.

'S e beachd a th' ann an **gnàth-iomhaigh** a dh'fhaodas a bhith aig daoine mu bhuidheann dhaoine stèidhichte air an coltas. Tha e ceàrr a bhith a' creidsinn ghnàth-iomhaighean mu dhaoine oir chan eil anns na chì thu ach pàirt beag de neach. Uaireannan faoadaidh na tha thu a' smaointinn mu bhuidheann dhaoine a bhith fior do chuid aca, ach ma chanas tu gu bheil iad **GU LÈIR** an aon rud (gu h-àraig rud dona) 's e gnàth-iomhaigh a th' ann.

Faighnich dhan chloinn: *An urrainn dhuibh smaoineachadh air gnàth-iomhaighean sam bith? Gu h-àraig a thaobh bhalaich agus nigheanan?* 'S dòcha gun ainmich iad eisimpleirean bho na meadhanan/meadhanan sòisealta, spòrs, sgoil no bhon dachaigh. Cleachd eisimpleirean mar thoisearch tòiseachaidh ma bhios sin na chuideachadh:

- Bidh a h-uile neach ann an Alba a' cur orra èilidhean – CHA BHI (ach bidh cuid de dhaoine uaireannan)
- Tha coin gu lèir cunnartach – CHAN EIL (Ach dh'fhauite gu bheil feadhainn)

Às dèidh còmhradh agus eisimpleirean bhoen chloinn, daingnich cùisean mar seo: Mar sin, is e gnàth-iomhaigh a th' ann ma chanas sinn nach eil rud freagarrach ach do bhalaich no nigheanan. Chan eil e cothromach a rèdh nach fhaod balach no nighean rud a dhèanamh, nach fhaod rud

còrdadh riutha no nach fhaod iad iad fhèin a ghiùlan ann an dòigh shònraichte bhon a tha iad nam balach no nan nighean. Ann an Alba is urrainn dhuinn na rudan a tha a' còrdadh rinn a dhèanamh no faodaidh rudan còrdadh rinn mar a thogras sinn, ge bith an e balach no nighean a th' annainn.

Tha an cartùn seo a' daingneachadh nan teachdaireachdan air gnàth-iomhaighean, *Help kids learn about gender with Foxy* (faid 2 mhion. 30) <https://youtu.be/lbhd-23mloc>

**Bun-bheachd co-ionannachd** Seall an slaighd air a bheil am facal: **Co-ionannachd**. Mìnich gur e facal cudromach a tha seo airson stad a chur air daoine bho bhith air am meas a rèir ghnàth-iomhaighean no bhith a' cluinntinn nach urrainn dhaibh rudeigin a dhèanamh air sgàth cò iad. Bu chòir dha na h-aon chothroman a bhith aig gach neach nam beatha.

4. Seall am mìneachadh, agus a-rithist tro cheistean agus còmhradh, daingnich a' phuing mar tha freagarrach.

**Tha co-ionannachd mu bhith cothromach. Tha co-ionannachd a' ciallachadh a bhith cinnteach gu bheil na h-aon chothroman aig gach gach nighean 's balach, agus gach boireannach agus fireannach gus nas urrainn dhaibh a dhèanamh dem beatha agus an tàlantan.**

5. Seall an slaighd mu dheireadh ron obair aon neach (leugh a-mach) agus dèanaibh còmhradh air freagairtean sam bith.

**Tha thusa nad neach gun shamhail, tha fios agad cò thu ...**

**Chan eil riaghailtean sam bith ann mu bhith nad bhalach no nad nighean – bi mar a thogras tu fhèin**

**Sin carson a bhios sinn a' ràdh.... Sa chlas seo, tha sinn uile fa leth, eadar-dhealaichte, gun shamhail agus sònraichte.**

6. **An lorg-fhaclan agam.** Faic am prop. 'S e amas a' ghnìomh seo fòcas a chur air cho sònraichte 's a tha gach pàiste, gus daingneachadh gu bheil na rudan as toigh leotha/as toigh leotha a dhèanamh freagarrach agus ceart. Tòisich mar sin. An-diugh tha a' chlann air a bhith a' smaoineachadh agus a' bruidhinn mu nas urrainn do chlann a dhèanamh agus mu na dh'fhaodas còrdadh riutha. Tha beagan deasbaid air a bhith ann mu ghnàth-iomhaighean, gum bi daoine uaireannan a' ràdh nach urrainn dhut rudeigin a dhèanamh bhon 's gur e nighean no balach a th' annad. Mar sin, tha an gniomh mu dheireadh seo mud dheidhinn-sa. 'S e cliath lorg fhaclan bànn a th' ann. Tha 20 rud san liosta a dh'fhaodadh tu a dhèanamh - tagh suas ri 10 dhiubh. Mura faic thu rudan as toigh leat an seo, faodaidh tu na faclan agad fhèin a chur ris. Cuir na faclan agad a-steach dhan chliath agus cuir cearcall timcheall air na faclan san liosta gus am bi fios aig an neach a tha ga dhèanamh cò nam faclan a tha rin lorg. Nuair a chuireas tu na faclan agad uile a-steach, lion na beàrnan faladh le litrichean eile.
7. Cruinnich na tòimhseachain a-steach agus dèan dà chopaidh – aon a nì a' chlann sa chlas còmhla ('s dòcha gun ainm a chur orra feuch an obraich a' chlann sa chlas a-mach cò an tòimhseachan a th' ann?) agus aon chopaidh a thèid dhachaigh a nì a' chlann an sin.
8. Airson crìochnachadh, brosnaich a' chlann gus innse na tha a' còrdadh riuthasan a bhith a' dhèanamh – mar a chuir iad san tòimhseachan aca.

## Beachdan eile

- Ma thogras iad, faodaidh iad an lorg-fhaclan aca a thoirt dhachaigh airson a dhèanamh còmhla ri cuideigin an sin.
- *Should toys just be for girls or for boys?* Newsround <https://www.bbc.co.uk/newsround/24211824> (faid 2 mhion. 12) airson tuilleadh còmhraidi mu ghnàth-iomhaighean gnè a thaobh dhèideagan.

### Ceangal ris an dachaigh

*Ghabhadh an teacs a leanas a chleachdadh airson post-d/fios dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim munt-sreath leasain seo:*

Mar phàirt den fhoghlaim RSHP (Relationships, Sexual Health and Parenthood) againn, tha sinn ag ionnsachadh mu bhith nad bhalach no nad nighean. Ionnsaichidh a' chlann gum faod iad a bhith mar a thogras iad fhèin mar bhalach no nighean – le ùidhean agus amasan a tha gan dèanamh nan daoine gun shamhail. Anns na bhios sinn ag ionnsachadh thar iomadh cuspair agus gnìomh tha sinn airson gum bi balaich agus nigheanan co-ionann 's gum bi iad a' faireachdainn co-ionann agus gum bi iad a' toirt spèis dha chèile. Ionnsaichidh sinn cuideachd gum b' fheàrr le cuid de dhaoine gun robh iad de dhiofar gnè seach am fear dhan do rugadh iad. Canaigh sinn tar-ghnèitheachd ris an seo. Cluinnidh clann agus chì iad rudan mar seo sna meadhanan no bho dhaoine eile agus mar sin tha e cudromach gun toir sinn dhaibh deagh fhiosrachadh agus cothrom ceistean fhaighneachd.

### Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Cothromachd –
- Tar-ghnèitheachd

### Notaichean Tidseir

